

An Litir Bheag

le Ruairidh MacIlleathain

An Litir Bheag is a shortened and simplified version of Ruairidh's Litir do Luchd-ionnsachaidh (also available on the BBC website), designed for those who are at an earlier stage of learning Gaelic. The topic each week is the same as Litir do Luchd-ionnsachaidh so that, once the Litir Bheag is mastered, a student of the language might wish to try the full Litir. This is Litir Bheag 64 (which corresponds to Litir 368). Ruairidh can be contacted at roddy.maclean@bbc.co.uk.

Bha mi ann an Uibhist a Deas o chionn ghoirid. Chòrd e rium gu mòr. Bha a' ghrian a' deàrrsadh. Bha i blàth. Bha flùraichean a' mhachaire àlainn. Agus bha an ceòl math.

Bha mi ann airson Ceòlas. 'S e sin fèis a th' ann an Uibhist a h-uile bliadhna. Tha Ceòlas air a bhith ann airson deich bliadhna. Tha e a' dol bho neart gu neart.

Tha an fhèis stèidhichte air ceithir rudan – ceòl, seinn, danns agus a' Ghàidhlig. Bidh feadhainn ag ionnsachadh cluich na fìdhle, no seinn na pìoba. Bidh cuid ag ionnsachadh òrain. Bidh cuid ag ionnsachadh dannsa-ceum. Agus tha clasaichean Gàidhlig ann cuideachd.

Bha mi a' moladh Ceòlas do charaid air tìr-mòr. Bha mi ag innse dha cho math 's a bha muinntir Uibhist a Deas air danns. Bha iad fìor mhath air a bhith a' dannsadh na *quadrilles*. “Tha fios a'm,” thuirt e. “Tha ceòl annta. Chunnaic mi sin aig na cèilidhean Gàidhealach ann an Glaschu. Bha na h-Uibhistich aotrom air an casan.”

'S e sluagh eile a tha math air danns muinntir Cheap Bhreatainn ann an Canada. Nuair a thòisich Ceòlas rinn iad ceangal eadar Uibhist a Deas agus Ceap Breatainn. Tha an ceangal sin ann fhathast. A h-uile bliadhna aig Ceòlas bidh feadhainn ann à Ceap Breatainn. Bidh iad a' teagasg na fìdhle no dannsa-ceum.

Bha mi fhìn ann an clas seinn. Dh'ionnsaich sinn òran aotrom mu dheidhinn banais. Cha robh a' bhanais uabhasach math. Tha an dà loidhne mu dheireadh a' dol mar seo: “Dh'olc no èiginn fhuair mi [a] leagail, 's bhuail mi breab san tòin air.”

Bha sinn a' beachdachadh air cò às a bha an t-òran. 'S e an tìotal a th' air “A' Bhanais a bha 'n Cìostal Odhar.” Càite a bheil Cìostal, ge-tà? Cha robh fios aig duine.

Fhuair mi a-mach nuair a bha mi air an rathad dhachaigh. Bha mi a' dràibheadh tron Eilean Sgitheanach. Eadar Ùige is Port Rìgh, chunnaic mi soidhne rathaid. Air an t-soidhne bha an t-ainm-àite “Cìostal”. Chan eil fhios a'm cuin a bha a' bhanais mu dheireadh ann. Ach tha aon bhanais ann an Cìostal air a cuimhneachadh fhathast ann an òran.

* * * * *

Faclan is abairtean: bha mi ann an Uibhist a Deas o chionn ghoirid: *I was in South Uist recently*; chòrd e rium gu mòr: *I enjoyed it immensely*; bha flùraichean a' mhachaire àlainn: *the machair flowers were beautiful*; tha Ceòlas air a bhith ann airson deich bliadhna: *Ceòlas has been in existence for ten years*; bho neart gu neart: *from strength to strength*; cluich na fìdhle, no seinn na pìoba: *playing the fiddle or playing the bagpipes*; dannsa-ceum: *stepdancing*; bha mi a' moladh X do charaid air tìr-mòr: *I was recommending X to a relation on the mainland*; bha iad fìor mhath: *they were excellent*; tha ceòl annta: *they are musical (music is in them)*; bha na h-Uibhistich aotrom air an casan: *the Uist folk were light on their feet*; 's e sluagh eile a tha math air danns: *another people who are good at dance*; muinntir Cheap Bhreatainn: *the people of Cape Breton Island*; a h-uile bliadhna bidh feadhainn ann à X: *every year there are some people from X*; Dh'ionnsaich sinn òran aotrom mu dheidhinn banais: *we learned a light[-hearted] song about a wedding*; an dà loidhne mu dheireadh: *the last two lines*; dh'olc no èiginn: *by hook or by crook*; fhuair mi [a] leagail: *I managed to fell him*; bhuail mi breab san tòn air: *I kicked him in the backside*; bha sinn a' beachdachadh air cò às a bha an t-òran: *we were discussing where the song came from*; A' Bhanais a bha 'n Ciostal Odhar: *The Wedding that was in Drab Ciostal*; fhuair mi a-mach nuair a bha mi air an rathad dhachaigh: *I found out when I was on the way home*; a' dràibheadh tron Eilean Sgitheanach: *driving through Skye*; air an t-soidhne bha an t-ainm-àite: *on the sign was the place name*; chan eil fhios a'm cuin a bha a' bhanais mu dheireadh ann: *I don't know when the last wedding was [held] there*; tha aon bhanais air a cuimhneachadh fhathast ann an òran: *one wedding is still remembered in a song*.

ends